

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

## Am Foghar

*Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,259. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 955 corresponds to Litir 1,259. The Litir is also available at [www.bbc.co.uk/litir](http://www.bbc.co.uk/litir) and [www.learnghaelic.scot/litir](http://www.learnghaelic.scot/litir). Ruairidh can be contacted at [fios@learnghaelic.scot](mailto:fios@learnghaelic.scot).*

Cuin a tha am foghar a' tòiseachadh? Tha mi a' ciallachadh le sin 'when does autumn begin?' Tha am facal *foghar, fomhair, foghar* a' ciallachadh *harvest* a bharrachd air *autumn*. Ach an-dràsta tha mi a' smaoinneachadh air ràithean na bliadhna – an t-earrach, an samhradh, am foghar 's an geamhradh.

Tha rud air mo bheulaibh a tha ag ràdh gu bheil am foghar a' tòiseachadh air a' chiad latha dhen Mhàrt. Tha e a' tighinn gu ceann air an latha mu dheireadh dhen Chèitean. Bidh sibh a' smaoinneachadh gu bheil mi air a dhol às mo rian. Ach tha mi a' leughadh làrach-lìn Astràilianach! Ach, chanainn nach eil na deitichean sin uabhasach ciallach ann an Astràilia. Bha mi o chionn bhliadhnaichean ann an ceann a tuath Astràilia far am bi na tùsanaich ag aithneachadh sia ràithean anns a' bhliadhna, seach ceithir.

Ach dè mu dheidhinn Gàidheil na h-Alba? Cuin a bha ar sinnsearan ag aithneachadh toiseach an fhoghair? Uill, bha uair ann, agus 's e *Ciad Mhìos an Fhoghair* a bh' aig na Gàidheil air mìos an Lùnastail. Mar sin, bha am foghar a' tòiseachadh air Latha Lùnastail. B' e an t-Sultain – *September – Mìos Meadhanach an Fhoghair*. Agus b' e an Dàmhair – *October – Mìos mu Dheireadh an Fhoghair*.

Bha na Gàidheil eòlach air a' chòigeamh latha deug no siathamh latha deug dhen t-Sultain mar *Lath Leth an Fhoghair*. Tha abairt againn mun aimsir co-cheangailte ris an latha sin: 'Bha dùil aig na seann daoine, air Latha Leth an Fhoghair, nan cumadh damh a chabar tioram gus an laigheadh a' ghrian, gum biodh a' chuid eile dhen fhoghar tioram.' Nach iongantach sin!

Beagan làithean an dèidh sin tha *Co-fhad-thràth an Fhoghair*. 'S e sin an latha **as t-fhoghar** nuair a tha an oidhche cho fada ris an latha. Ann am Beurla – *the autumnal equinox*.

Seo abairtean co-cheangailte ris an fhacal *foghar*: *Foghar an eòrna 'the barley harvest'*; *Foghar geal grianach 'fine sunny autumn'*; *Foghar nam bràithrean 'the brothers' harvest'* – aimsir bhrèagha anns an Dàmhair agus as t-Samhain. Ge-tà, nach eil an t-Samhain anns a' gheamhradh? Uill, bha beachd inntinneach air sin aig an iasgair agus seanchaidh, Seòras MacLeòid – Seòras Chaluum Sheòrais – à Beàrnaraigh Leòdhais. Sgrìobh esan an leabhar iongantach *Muir is Tir*. Bha Seòras dhen bheachd gun robh am foghar a' tòiseachadh air an treas latha fichead dhen t-Sultain aig trì uairean feasgar – seachd seachdainean an dèidh Latha Lùnastail.

**Co-dhiù no co-dheth**, seo agaibh seanfhaclan co-cheangailte ris an fhoghar. Seo a' chiad fhear: *am fear nach cuir sa Mhàrt, cha bhuain e as t-fhoghar 'he who doesn't sow in March won't reap in autumn'*. Am fear nach cuir sa Mhàrt, cha bhuain e as t-fhoghar. Comharra air foghar math – cuiridh na deargadan a-mach thu 's cuiridh na meanbh-chuileagan a-steach thu! *'the sign of a good autumn – the fleas force you out of the house and the midges force you back in!'* Cuiridh na deargadan a-mach thu 's cuiridh na meanbh-chuileagan a-steach thu. Tha mi an dòchas gum bi foghar math agaibh ach nach cuir na deargadan a-mach às an taigh sibh!

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** làrach-lìn Astràilianach: *an Australian website*; sinnsearan: *ancestors*; mìos an Lùnastail: *the month of August*; Latha Lùnastail: *Lammas Day (1 August)*; Lath Leth an Fhoghair: *'the halfway day of autumn'*.

**Abairtean na Litreach:** ràithean na bliadhna – an t-earrach, an samhradh, am foghar 's an geamhradh: *the seasons of the year – spring, summer, autumn and winter*; air mo bheulaibh: *in front of me*; a' chiad latha dhen Mhàrt: *the first day of March*; a' tighinn gu ceann air an latha mu dheireadh dhen Chèitean: *coming to an end on the last day of May*; gu bheil mi air a dhol às mo rian: *that I've gone out of my mind*; chanainn nach eil na deitichean sin uabhasach ciallach: *I'd say that those dates are not terribly meaningful*; far am bi na tùsanaich ag aithneachadh sia ràithean: *where the aborigines recognise six seasons*; nan cumadh damh a chabar tioram gus an laigheadh a' ghrian: *if a stag kept its antlers dry until sunset, gum biodh a' chuid eile dhen fhoghar tioram; the rest of the autumn would be dry*; nach iongantach sin: *isn't that amazing*; nuair a tha an oidhche cho fada ris an latha: *when the night is as long as the day*; aimsir bhrèagha anns an Dàmhair agus as t-Samhain: *beautiful weather in October and November*; iasgair agus seanchaidh, Seòras MacLeòid – Seòras Chalum Sheòrais – à Beàrnaraigh Leòdhais: *fisherman and tradition-bearer George MacLeod – George son of Calum son of George – from Great Bernera*; gun robh am foghar a' tòiseachadh air an treas latha fichead dhen t-Sultain aig trì uairean feasgar: *that autumn was starting on the 23<sup>rd</sup> of September at 3 o'clock in the afternoon*; tha mi an dòchas gum bi foghar math agaibh: *I hope you'll have a good autumn*; ach nach cuir na deargadan a-mach às an taigh sibh: *but that the fleas won't force you out of the house!*

**Puing-chànain na Litreach:** an latha as t-fhoghar nuair a tha an oidhche cho fada ris an latha: *the day in autumn when the night is as long as the day*. Note that we usually say as t-fhoghar rather than anns an fhoghar for 'in autumn'. Similarly we say as t-earrach (rather than anns an earrach) for 'in spring' and as t-samhradh rather than anns an t-samhradh for 'in summer'.

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** Co-dhiù no co-dheth: *anyway [but stronger than just saying 'co-dhiù']*.

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA